



A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	17/08/2023
Àite:	Air MS Teams
Nì a' Chlàir-ghnothaich	2.5

Tìotal a' Phàipeir	Prìomhachasan ro-innleachdail PGR042 E03 Plana Gàidhlig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba		
Moladh do Bhuill	Airson Aontachadh		
Neach labhairt:	Christie NicIlleathain, Manaidsear Planaidh		
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris	
Sgioba Stiùiridh	04/08/2023	Ri Aontachadh	
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – PGR042 Leabharlann Nàiseanta na h-Alba Prìomhachasan Ro-innleachdail airson Eagan 3.		
1.0	Adhbhar		
1.1	A' sireadh aonta na Comataidh air Prìomhachasan ro-innleachdail airson Leabharlann Nàiseanta na h-Alba.		
2.0	Cùl-fhiosrachadh		
2.1	'S e prìomhachasan ro-innleachdail an t-ainm ùr a th' air pròiseas nan amasan àrd-ìre.		
2.2	Chan eil pròiseas nan amasan àrd-ìre no prìomhachasan ro-innleachdail mar a chanar riutha a-nis mar phàirt den phròiseas reachdail air ullachadh Phlanaichean Gàidhlig.		
2.3	'S ann airson stiùireadh ro-innleachdail a thoirt do dh'ùghdarrasan poblach a tha a' deasachadh phlanaichean Gàidhlig a tha am pròiseas agus gus dearbhadh gu bheil Planaichean Gàidhlig nan ùghdarrasan a' cur ri amasan anns a' Phlana Nàiseanta.		
2.4	'S e a tha eadar-dhealaichte mu dheidhinn a' phròiseis ùir gu bheil barrachd co-obrachadh a' gabhail àite eadar Bòrd na Gàidhlig agus na h-ùghdarrasan poblach aig ìre oifigeir agus Stiùiriche/Ceannard.		
2.5	'S e a tha fa-near leis a' phròiseas seo, barrachd conaltraidh a bhrosnachadh aig gach ìre leis na h-ùghdarrasan poblach nuair a thathar a' deasachadh nan dreachd phlanaichean aca.		
2.6	A bharrachd air sin, tha e a' toirt cothrom do Bhòrd na Gàidhlig a bhith ag obair gu dlùth le ùghdarrasan gus dearbhadh gu bheil a' cur ri prìomhachasan anns a' Phlana Nàiseanta.		
2.7	Geàrr iomradh air adhartas le E02 – Leabharlann Nàiseanta na h-Alba		
2.8	Tha Leabharlann Nàiseanta na h-Alba (LNA) mar phàirt den lìonra Capital Gaelic ann an Dùn Èideann (air a stiùireadh le Comhairle Baile Dhùn Èideann agus Gaileiridhean Nàiseanta na h-Alba) a' coimhead ri pròiseactan gus cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh air feadh a' bhaile agus nas fhaide air falbh. Bidh cuid den luchd-obrach a' gabhail pàirt sa choimhearsnachd Gàidhlig thar nam buidhnean.		
2.9	Dh'fhosgail LNA a' chiad taisbeanadh dà-chànanach aca am-bliadhna: Sgeul Story: Folktales from the Scottish Highlands, thathar air poileasaidh 'Gàidhlig air Thoiseach' a stèidheachadh leis an taisbeanadh seo. A bharrachd air an taisbeanadh fhèin, thathar air goireasan taice a chruthachadh. Chaidh an taisbeanadh seo a chur ri chèile le com-pàirteachas le diofar dhaoine		

	agus buidhnean leithid sgoiltean Gàidhlig, luchd-ciùil, agus Comhairle Baile Dhùn Èideann. 'S e deagh adhartas a tha seo agus bheir na prìomhachasan ro-innleachdail a tha rim faighinn ann am PT1 cothrom don bhuidhinn an obair seo a leudachadh.	
2.10	Rinn LNA adhartas le bhith a' brosnachadh luchd-obrach gus Gàidhlig a chleachdadh is ionnsachadh, agus a bhith mothachail air na tha a' bhuidheann a' dèanamh gus an cànan a leasachadh le bhith a' brosnachadh luchd-obrach a bhith a' frithealadh Chùrsaichean tro Chapital Gaelic.	
2.11	Tha LNA air a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le Taigh-tasgaidh is Tasglann nan Eilean (seirbheis taigh-tasgaidh is tasglann Comhairle nan Eilean Siar), thathar air cur ri pròiseact Cinema Sgìre. B' e pròiseact coimhearsnachd a chuir Comhairle nan Eilean air dòigh a bh' ann am Pròiseact Film Cinema Sgìre. Ag obair air feadh Uibhist is Bharraigh, bho 1977 – 1981, bha taigh-dhealbh gluasadach ann, agus chlàraich e beatha làitheil nan Eilean. Bha am pròiseact ùr seo ag amas air coimhearsnachdan a thoirt còmhla gus cuimhneachain air a' phròiseact thùsail a cho-roinn, iomairtean ùra a bhrosnachadh gus am beatha a chlàradh ann an coimhearsnachdan Gàidhlig agus a bhith a' comharrachadh agus a' brosnachadh na Gàidhlig tro phrògram de chonaltradh coimhearsnachd.	
2.12	Tha cothrom aig LNA barrachd adhartas a dhèanamh le bhith a' tabhainn barrachd sheiseanan mothachaidh air a' Ghàidhlig taobh a-staigh na buidhne. Thathar an dùil seo a dhèanamh mar phàirt den chom-pàirteachas anns an ath-eagran den phlana aca.	
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh	
3.1	Chaidh na prìomhachasan ro-innleachdail seo ullachadh ann an co-bhann le oifigearan agus stiùirichean/Ceannardan aig na h-ùghdarrasan poblach seo airson nan ath eagran de na Planaichean Gàidhlig aca.	
3.2	Chaidh an ullachadh stèidhichte air prìomhachasan anns a' Phlana Nàiseanta 2018-2023 agus an dreachd Phlana Nàiseanta airson 2023-2028.	
4.0	Moladh	
4.1	Aire a thoirt don fhiosrachadh ann am PT1.	
4.2	Aonta a chur ris na Prìomhachasan ro-innleachdail ann am PT1.	
5.0	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach	
5.1	Buidhean air Ionmhas	
	Cha bhi buaidh air ionmhas.	
5.2	Buidhean air Luchd-obrach	
	Cha bhi buaidh air luchd-obrach.	
5.3	Buidhean air Trèanadh	
	Cha bhi buaidh air trèanadh.	
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra	
	Tha na prìomhachasan ro-innleachdail seo a' cur ris na 3 prìomhachasan corporra aig BnG.	
5.5	Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanadh Nàiseanta	
	AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA	

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.5

	Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann	<input checked="" type="checkbox"/>
	Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>
	Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
	Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-Nàiseanta	<input type="checkbox"/>
	Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input checked="" type="checkbox"/>
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			<input type="checkbox"/>
5.6	Buidhean air Cliù			
	Cha bhi buaidh air cliù.			
5.7	Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd			
	Cha bhi buaidh air slàinte is sàbhailteachd.			
5.8	Buidhean Laghail			
	Cha bhi buaidh laghail ann.			
5.9	Buidhean air Co-ionannas			
	Cha bhi buaidh air co-ionannas.			
5.10	Buidhean air an àrainneachd			
	Cha bhi buaidh air an àrainneachd.			

Prìomhachasan ro-innleachdail: Plana Gàidhlig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, eagra 3
Strategic Priorities: The National Library of Scotland's Gaelic language plan, edition 3

A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig	Increasing the use of Gaelic
Thèid cothroman a bharrachd a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig gus preantasachd bhunaiteach, preantasachd ur-nòsach, preantasachd ceumnachaidh agus dreuchdan saor-thoileach a dhèanamh aig LNA.	Further opportunities will be given to Gaelic speakers to undertake work at the library including foundation apprenticeships, modern apprenticeships, graduate placements, residencies and voluntary roles within NLS.
Àrdaich faicsinneachd agus cleachdadh na Gàidhlig ann an: <ul style="list-style-type: none"> • taisbeanaidhean LNA. • Bathar LNA a tha ri reic. 	The visibility and use of Gaelic will be increased in: <ul style="list-style-type: none"> • NLS exhibitions and public programmes • NLS items for sale
A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig	Increasing the learning of Gaelic
Bidh na goireasan foghlaim làithreach agus ùra a tha rim faighinn sa Bheurla uile rim faighinn anns a' Ghàidhlig.	Significantly increase the proportion of Gaelic educational materials across the lifespan of edition three as part of an overall review of the library's learning programme.
A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig	Promoting a positive image of Gaelic
Gheibh barrachd dhaoine fios mu cruinneachadh Gàidhlig na LNA air loidhne agus air an làrach gus mothachadh as fheàrr fhaighinn airson an Leabharlann agus airson na Gàidhlig gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.	More people will get more information about the Library's Gaelic collection online and on site in order to enhance awareness of the Library and Gaelic nationally and internationally.
Bidh LNA a' dol an-sàs ann an iomairtean nàiseanta mar an Ro-innleachd Turasachd na Gàidhlig do dh'Alba.	NLS will engage in national and local initiatives such as the National Gaelic Tourism Strategy for Scotland and Capital Gaelic.
Bidh LNA a' co-obrachadh le buidhnean mar Thaighean-Tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba gus ìomhaigh na Gàidhlig àrdachadh.	NLS will cooperate with organisations such as the National Museums of Scotland and the National Galleries of Scotland to increase the profile of Gaelic.



A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	17/08/2023
Àite:	Air MS Teams
Nì a' Chlàir-ghnothaich	2.6

Tìotal a' Phàipeir	Prìomhachasan ro-innleachdail PGR031 E03 Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear		
Moladh do Bhuill	Airson Aontachadh		
Neach labhairt:	Christie NicIlleathain, Manaidsear Planaidh		
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris	
Sgioba Stiùiridh	09/08/2023	Ri Aontachadh	
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – PGR031 Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear Prìomhachasan Ro-innleachdail airson Eagran 3.		
1.0	Adhbhar		
1.1	A' sireadh aonta na Comataidh air Prìomhachasan ro-innleachdail airson Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear		
2.0	Cùl-fhiosrachadh		
2.1	'S e prìomhachasan ro-innleachdail an t-ainm ùr a th' air pròiseas nan amasan àrd-ìre.		
2.2	Chan eil pròiseas nan amasan àrd-ìre no prìomhachasan ro-innleachdail mar a chanar riutha a-nis mar phàirt den phròiseas reachdail air ullachadh Phlanaichean Gàidhlig.		
2.3	'S ann airson stiùireadh ro-innleachdail a thoirt do dh'ùghdarrasan poblach a tha a' deasachadh phlanaichean Gàidhlig a tha am pròiseas agus gus dearbhadh gu bheil Planaichean Gàidhlig nan ùghdarrasan a' cur ri amasan anns a' Phlana Nàiseanta.		
2.4	'S e a tha eadar-dhealaichte mu dheidhinn a' phròiseis ùir gu bheil barrachd co-obrachadh a' gabhail àite eadar Bòrd na Gàidhlig agus na h-ùghdarrasan poblach aig ìre oifigeir agus Stiùiriche/Ceannard.		
2.5	'S e a tha fa-near leis a' phròiseas seo, barrachd conaltraidh a bhrosnachadh aig gach ìre leis na h-ùghdarrasan poblach nuair a thathar a' deasachadh nan dreachd phlanaichean aca.		
2.6	A bharrachd air sin, tha e a' toirt cothrom do Bhòrd na Gàidhlig a bhith ag obair gu dlùth le ùghdarrasan gus dearbhadh gu bheil a' cur ri prìomhachasan anns a' Phlana Nàiseanta.		
2.7	Geàrr iomradh air adhartas le E02 – Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear		
2.8	Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Ear air adhartas a dhèanamh le bhith a' brosnachadh ionnsachadh na Gàidhlig do na sgoilearan. Rinn Bun-sgoil Innis an Uillt pròiseact mu dheidhinn nan adhbharan aca airson a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus mu eachdraidh a' chànain. 'S e deagh chleachdadh a tha seo. Tha sinn a' moladh gun co-roinn iad am pròiseact seo le sgoiltean eile.		
2.9	Tha cothroman ann do Chomhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Ear adhartas a dhèanamh le bhith a' cruthachadh susbaint dhà-chànanach mu dheidhinn na Gàidhlig air làrach-lìn an ùghdarras agus air na prìomh chunntasan air na meadhanan sòisealta gus spèis cho-ionnan a thoirt don Ghàidhlig agus don Bheurla.		

2.10	Tha cothroman ann do Chomhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Ear adhartas a dhèanamh aig ìre chorporra. 'S urrainn don Chomhairle barrachd adhartais a dhèanamh le bhith a' tabhann trèanadh ann an sgìlean Gàidhlig agus mothachadh na Gàidhlig don luchd-obrach.		
2.11	Tha cothroman ann do Chomhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Ear adhartas a dhèanamh a thaobh nan tràth bliadhnaichean agus nan seiseanan a leudachadh mar thoradh air iomairt 1140. Tha duilgheadasan air a bhith aig pàrantan san sgìre le bhith a' cur an cuid chloinne don sgoil-àraich Gàidhlig leis nach eil na h-uairean air a leudachadh.		
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh		
3.1	Chaidh na prìomhachasan ro-innleachdail seo ullachadh ann an co-bhann le oifigearan agus stiùirichean aig an ùghdarras ionadail seo airson nan ath eagra de na Planaichean Gàidhlig aca.		
3.2	Chaidh an ullachadh stèidhichte air prìomhachasan anns a' Phlana Nàiseanta 2018-2023 agus an dreachd Phlana Nàiseanta airson 2023-2028.		
4.0	Moladh		
4.1	Aire a thoirt don fhiosrachadh ann am PT1.		
4.2	Aonta a chur ris na Prìomhachasan ro-innleachdail ann am PT1.		
5.0	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach		
5.1	Buidhean air Ionmhas		
	Cha bhi buaidh air ionmhas.		
5.2	Buidhean air Luchd-obrach		
	Cha bhi buaidh air luchd-obrach.		
5.3	Buidhean air Trèanadh		
	Cha bhi buaidh air trèanadh.		
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra		
	Tha na prìomhachasan ro-innleachdail seo a' cur ris na 3 prìomhachasan corporra aig BnG.		
5.5	Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta		
	AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA		
	Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann <input checked="" type="checkbox"/>
	Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan <input checked="" type="checkbox"/>
	Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn <input type="checkbox"/>
	Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-Nàiseanta <input type="checkbox"/>
	Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh <input checked="" type="checkbox"/>
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach		<input type="checkbox"/>
5.6	Buidhean air Cliù		
	Cha bhi buaidh air cliù.		
5.7	Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd		
	Cha bhi buaidh air slàinte is sàbhailteachd.		
5.8	Buidhean Laghail		
	Cha bhi buaidh laghail ann.		
5.9	Buidhean air Co-ionannas		
	Cha bhi buaidh air co-ionannas.		

5.10	Buidhean air an àrainneachd
	Cha bhi buaidh air an àrainneachd.



<p>A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig</p> <p>Ag obair còmhla ri com-pàirtichean agus gnìomhachasan gus fàs a thoirt air cleachdadh agus mothachadh na Gàidhlig air feadh Dùn Breatann an Ear.</p> <p>A' dèanamh cinnteach gu bheil cur an gnìomh a' phlana air a stiùireadh le riochdachadh bho gach prìomh roinn-sheirbheis taobh a-staigh na Comhairle.</p>	<p>Increasing the use of Gaelic</p> <p>Work with partners and businesses to increase both the use and awareness of the Gaelic language throughout East Dunbartonshire.</p> <p>Ensure that the plan implementation is led with representation from all key service areas within the Council.</p>
<p>A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig</p> <p>Coilean an dleastanas fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 gus Foghlam Gàidhlig a bhrosnachadh is taic a chumail ris; a' dèanamh cinnteach gu bheil a' glèidheadh sgoilearan aig prìomh ìrean eadar-ghluasaid, a' brosnachadh àrdachadh anns na h-àireamhan a tha a' clàradh ann am FtG agus a' dèanamh cinnteach gu bheil planaichean leasachaidh bliadhnail an sàs gus aithris air inbhean agus càileachd.</p> <p>Mar a dh'fhàsas àireamh chloinne ann an FtG sa bhun-sgoil, a' dèanamh co-chomhairle air ciamar a dh'fhaodadh piseach a thoirt air an ìre bogaidh airson sgoilearan.</p> <p>A' toirt fàs air Curraicealaim na Gàidhlig aig ìre na h-àrd-sgoile gach seisean.</p> <p>A' togail air an adhartas a rinneadh mar-thà, a' brosnachadh Gàidhlig mar L3 do gach bun-sgoil leis an amas a bhith a' toirt fàs air an àireimh de sgoiltean a tha a' tabhann Gàidhlig mar L3.</p>	<p>Increasing the learning of Gaelic</p> <p>Undertake the duty under the Education (Scotland) Act 2016 to promote & support Gaelic Education; ensuring the retention of pupils at key transitional phases, promoting an increase in numbers enrolling in GME and ensuring annual improvement plans are in place to provide standards and quality reporting.</p> <p>As the GM primary school roll increases, consult on how to further enhance the immersion experience for pupils.</p> <p>Expand the Gaelic Medium Curriculum offer at Secondary level each session.</p> <p>Building upon current progress, promote Gaelic as an L3 to all primary schools with the aim of growing the number of schools offering Gaelic as an L3</p>